STORYWORLDS

# Mìcheal Mì-mhodhail



Keith Gaines • Jim Kavanagh



'S e Disathairne a bh' ann.

Bha Mamaidh, Mìcheal agus Eilidh aig an taigh.

"Tha sinn a' dol air picnic," thuirt Mamaidh.

"Seo na ceapairean, ach càite bheil na criospan? Agus càite bheil Mìcheal?"



"A bheil Mìcheal an seo?"
thuirt Mamaidh.



"Chan eil," thuirt Eilidh.



"A bheil Mìcheal an seo?"
thuirt Mamaidh.



"Chan eil," thuirt Eilidh.



"A bheil Mìcheal an seo?"
thuirt Mamaidh.



"O, chan eil!" thuirt Eilidh.



"Siud thu!" thuirt Mamaidh.